

Cuspair Clàir- ghnothaich	5
Àir. Aithisge	G/2/20

**COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD
THE HIGHLAND COUNCIL**

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 3 Lùnastal 2020

Tìotal Aithisge: Cunntas às Ùr mu Phlana na Gàidhlig 3 – 2018-2023

Aithisg le: Prìomh Oifigear Gnìomhach Coileanaidh agus Riaghlachais

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt cunntas bliadhnail do Bhòrd na Gàidhlig a thaobh mar a thathar a' cur an gnìomh Plana Gàidhlig 3 na Comhairle (2018–2023).
- 1.2 Tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt cuireadh do Chomhairle na Gàidhealtachd Cunntas Bliadhnail a lìonadh. 'S e teamplaid choitcheann a tha seo a bhios a' dol a-mach gu gach ùghdarras ionadail agus buidheann phoblach a tha a' cur Phlanaichean Gàidhlig an gnìomh an-ceartuair.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. Deasbaireachd mun aithisg agus an aithisg aontachadh.

3. Seaghan

3.1 Goireas

Tha na dh'fhaodadh seo ciallachadh an-ceartuair a thaobh ghoireasan a' buntainn ris na prìomh bhuidseatan, a tha a' gabhail a-steach Maoin Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig).

3.2 Laghail

Thathar ag iarraidh air a' Chomhairle aire a ghabhail do dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a cudromachd a thoirt fa-near.

- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)
Tha leasachadh Gàidhlig a' gabhail aire do phoileasaidhean a tha a' buntainn ris na nithean seo shuas.
- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach
Bidh coinneamhan air an cumail air-loidhne agus gu bhiortail.
- 3.5 Cunnart
Feumar Plana na Gàidhlig 3 a chur an gnìomh thairis air gach Seirbheis Comhairle, gu h-àraid ann am Foghlam. Mura tèid, tha cunnart ann nach coileanar na targaidean a tha sa Phlana.

4. Geàrr-chunntas

- 4.1 Air 14 Iuchar 2020, chaidh Cunntas Bliadhna 2019-2020 a chur gu Bòrd na Gàidhlig. Tha fiosrachadh anns a' Chunntas Bliadhna mu Phrìomh Chomharran, Prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta, Brosnachadh Foghlam Gàidhlig, Pàrantachd Chorporra, Co-ionannachd, Amasan na Seirbheis Corporra, Corpas a' Chànain Ghàidhlig agus Luchd-obrach.

5. Plana na Gàidhlig 3

- 5.1 Tha sia cuspairean ann am Plana na Gàidhlig 3, mar a leanas:

Cuspair 1: A' Ghàidhlig san Dachaigh, ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne

Cuspair 2: A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd

Cuspair 3: A' Ghàidhlig ann am Foghlam

Cuspair 4: A' Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas

Cuspair 5: A' Ghàidhlig san Àite-obrach

Cuspair 6: Luach Sòisealta, Eaconamach is Cultarail na Gàidhlig

- 5.2 Gu ruige seo, 's iad prìomh amasan Sgioba na Gàidhlig a bhith a' cur nan gnìomhan comasachaidh a th' ann am Plana na Gàidhlig 3 an gnìomh, mar a sheallas na ceanglaichean-lìn gu h-ìosal, le fòcas air na raointean a leanas:

- Tràth-bhliadhnaichean, Daoine Òga is Teaghlaichean, gu h-àraid Foghlam
- Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, agus Coimhearsnachdan
- Na h-Ealain, Cultar is Dualchas, agus an Eaconamaidh
- An t-Àite-obrach, a' toirt seachad is a' meudachadh chothroman a thaobh a bhith a' leasachadh aire mun Ghàidhlig is cleachdadh na Gàidhlig, a' toirt fa-near do dh'fhàs ann an teicneòlasan ùra.

http://www.highland.gov.uk/downloads/file/21508/the_highland_council_gaelic_language_plan_2018-2023

http://www.highland.gov.uk/downloads/file/21507/plana_g%C3%A0idhlig_chomhairle_na_g%C3%A0idhealtachd_2018-2023

- 5.3 Airson na gnìomhan comasachaidh a th' ann am Plana na Gàidhlig 3 a chur an gnìomh, bidh Sgioba na Gàidhlig a' cur a-steach iarrtasan maoin eachaidh gach bliadhna gu Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF), a tha fo rianachd BnaG, agus gu Maoin

Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba. Bidh Sgioba na Gàidhlig cuideachd a' cur iarrtasan a-steach gu àiteachan maoineachadh ionadail is nàiseanta eile ma thig iad am bàrr.

Àir. Pròiseict	Ainm Pròiseict
2021/3008	Gàidhlig airson Inbhich
2021/3009	Com-pàirteachas Ro-innleachdail Breith gu Trì
2021/3010	Prògram Taic BSGP
2021/3011	Ball-coise Gàidhlig
2021/3012	Èideadh na Sgeòil

6. Iomairtean Glasadh-sluaigh COVID-19

6.1 Air sàillibh COVID-19, bha, agus tha Sgioba na Gàidhlig a' leantainn molaidhean an Riaghaltais a thaobh astarachadh sòisealta. Mar sin, chan eil clann is daoine òga air uimhir de eòlas fhaighinn air eadar-obrachadh sòisealta agus a bhiodh iad aig àm àbhaisteach. Dh'fheumadh beachdachadh air na ceanglaichean seo às ùr, gu seachd àraid seach gu bheil seo riatanach do chloinn anns na tràth-bhliadhnaichean nuair a tha iad ag ionnsachadh cànan eile, agus nuair a tha làn-bhogadh cho cudromach a thaobh a bhith a' togail cànan.

6.2 Leasaich Sgioba na Gàidhlig pròiseactan ùr-ghnàthach gus na seirbhisean ICT a th' ann mar-thà a làn-mheudachadh airson taic a thoirt do chleachdadh cànan san dachaigh. Tha eisimpleirean de na pròiseactan seo gu ìosal. Bha seo riatanach do phàrantan aig nach robh Gàidhlig agus a bh' air an cuid chloinne a chur gu Foghlam tron Ghàidhlig. Tha an obair seo leantainneach agus theid cumail air adhart a' toirt na taic seo gu bhiorail.

6.3 Pròiseactan

Chaidh sreath de bhideothan iomain a dhèanamh le Iomain Cholm Chille, le taic bho Sgioba na Gàidhlig. Tha na bhideothan a' toirt ghoireasan Gàidhlig feumail do sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig agus do sgoilearan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. Tha na bhideothan a' toirt dhùbhlàn iomain gach seachdain, taobh a-muigh a' churraicealaim, agus faodaidh daoine òga a dhol an sàs annta airson piseach a thoirt air an cuid slàinte is sunnd. Gheibhear na bhideothan aig #cleachdaigantaigh

Chaidh sreath de naoi bhideothan goirid a chruthachadh le Sgioba na Gàidhlig, airson taic a thoirt do phàrantan aig nach eil Gàidhlig agus aig a bheil clann a tha a' dol a-steach gu Foghlam tron Ghàidhlig.

Tha gach bhideo, air a bheil "Spòrs agus Seinn Còmhla ri Ellen", mu sheachd mionaidean a dh'fhaid agus a' gabhail a-steach chuspairean àbhaisteach ris am biodh dùil anns an dachaigh còmhla ri cloinn òga. Tha na cuspairean a leanas annta: Ag Èirigh, A' Nighe Làmhnan, Ag Ithe, Àm Stòiridh agus A' Dèanamh Deiseil airson na Leapa. Tha seo air a dhèanamh tro bhith a' cleachdadh òrain sìmplidh is abairtean furasta a dh'fhaodas pàrantan a chleachdadh còmhla ri an cuid chloinne airson a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig anns an dachaigh.

Tha an Sreath Bhideo Sia Seachdaine a' brosnachadh chloinne is theaghlaichean tron ghlasadh-sluaigh le bhith a' dèanamh ceangal eadar ball-coise is bruidhinn na Gàidhlig anns an dachaigh.

Rinn Sgioba na Gàidhlig ceangal le FC Sonas, seirbheis Ball-coise Albannach ùr-ghnàthach, le amas ball-coise a chleachdadh an dà chuid le luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus le fileantaich, ge brith co-dhiù a tha iad sean no òg, tro bhith a' toirt cothrom dhaibh na sgilean cànan Gàidhlig aca a mheudachadh is a neartachadh, cuide ri an cuid sgilean ball-coise.

Gheibhear na bhideothan seo aig an ro-innleachd #cleachdiaigantaigh

Thathar a' sùileachadh gum bi seo na bhuannachd do dhaoine òga air feadh na dùthcha a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh. Tha na bhideothan a' cur dhùbhlàn gach seachdain a tha freagarrach dhan teaghlach gu lèir.

Thathar a' leasachadh sreath de sheiseanan sgrìobhadh-cruthachail air-loidhne an-ceartuair le Iain Fionnlagh MacLeòid, ag amas air sgoilearan P7 agus ÀS1. Tha sinn ag obrachadh còmhla ri Ceannardan Sgoile Gàidhlig airson an stuth a th' annta a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh is freagarrach dhan òigridh. Bidh am pròiseact deiseil ro dheireadh an lùchair agus thèid a chur air-loidhne airson gun tèid a chleachdadh mar ghoireas do sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig ann an sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd. Thèid a chur cuideachd air an làraich #cleachdiaigantaigh a tha BnaG air a stèidheachadh.

Ainmeachadh:

Ceann-latha:

Ùghdar:

Pàipearan Cùl-raoin: